

Molaidhean bho Chlì Gàidhlig air Plana Nàiseanta na Gàidhlig (dreachd)**• Inbhe Conaltraidh**

Ged a tha sinn a' tuigsinn gur ann air ùghdarrasan ionadail agus buidhnean oifigeil a tha am Plana ag amas, tha sinn dhen bheachd nach biodh e ceàrr rudeigin nas sìmplidh fhoillseachadh aig an aon àm. Tha am Plana ro fhada airson ùidh a' mhòr-chuid dhen t-sluagh a chumail. Mar sin, mholamaid gun tèid bileag nas sìmplidh fhoillseachadh airson sgaoileadh a bharrachd air a' phrìomh Phlana.

• Bu chòir Geàrr-chunntas Gníomhach a bhith am broinn a' Phlana.**• San fharsaingeachd, chan eil cudrom gu leòr sa Phlana air goireasan airson luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig.****• Duilleag 10 dhen Phlana****Planadh Cànan:**

San dàrna colbh, bu chòir puing stiùiridh a bhith ann ri moladh: *Rannsachadh gus dòighean èifeachdach trèanadh luchd-teagaisg fhaighinn* - chan ann dìreach airson cloinn-sgoile ach airson luchd-ionnsachaidh inbheach cuideachd. A-rithist, bu chòir iomradh a bhith ann mu ghoireasan airson luchd-ionnsachaidh inbheach. Bhiodh e math iomradh air rannsachadh coimeasach (comparative studies) fhaicinn an seo.

• Duilleag 60 dhen Phlana agus duilleag 33 dhen Stiùireadh

Bu mhath leinn atharrachadh fhaicinn dhan fhiosrachadh air Clì Gàidhlig. Bu chòir a leughadh: *'S e Clì Gàidhlig buidheann inntigridh is adhartachaidh, a tha ag àrdachadh ionnsachadh is inbhe nàiseanta na Gàidhlig, a' sgaoileadh fiosrachadh mu Ghàidhlig, agus a' labhairt às leth *luchd-ionnsachaidh. Bidh a' bhuidheann a' ruith chùrsaichean còmhraidh air feadh na h-Alba.*

*B' fheàrr leinn seo fhàgail aig 'luchd-ionnsachaidh' a-mhàin, seach 'luchd-ionnsachaidh agus fileantaich ùra'. Tha Clì airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh san fharsaingeachd, a' gabhail a-staigh dhaoine a tha fileanta gun a bhith litearra.

• Duilleag 43 dhen Phlana - an dàrna earrann

Chan eil guth air Cùrsaichean Chlì Gàidhlig. Bu chòir a leughadh: *'S e Clì Gàidhlig am buidheann a bhios ag adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le bhith a' sgaoileadh fiosrachadh mu Ghàidhlig is chùisean Gàidhlig, a' libhrigeadh chùrsaichean còmhraidh air feadh na h-Alba, agus a' labhairt às leth *luchd-ionnsachaidh.*

*B' fheàrr leinn seo fhàgail aig 'luchd-ionnsachaidh' a-mhàin, seach 'luchd-

ionnsachaidh agus fileantaich ùra'. Tha Clì airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh san fharsaingeachd, a' gabhail a-staigh dhaoine a tha fileanta gun a bhith litearra.

- **Duilleag 22 dhen Phlana**

Bùil:

Meudachadh ann an eòlas air cùisean co-cheangailte ri Gàidhlig *ann an suirbhidhean*. Chan eil sinn buileach cinnteach carson a tha na faclan seo ann. Bhiodh *ann an Alba*, no *air feadh na h-Alba* na b' fheàrr. A bharrachd tha sinn dhen bheachd gum bu chòir Clì Gàidhlig a bhith ainmichte am measg nam Prìomh Bhuidhnean.

- **Duilleag 58 dhen Phlana**

Tha e riatanach gu bheil iomradh ann fo 'Foghlam' air: *Cùrsaichean nàiseanta agus structar nàiseanta airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig*.

- **Duilleagan 12-13 dhen Phlana**

Spionnadh:

Bha Bòrd Chlì Gàidhlig beagan iomagaineach mu dheidhinn an earrainn seo. Tha iad dhen bheachd gu bheil i a' mì-mheasadh comas na Gàidhlig, agus mar sin, cha robh an teachdaireachd cho làidir, cho dòchasach 's bu chòir a bhith.

Targaid ann an Cunntas 2011: Tha na targaidean ro ìosal - dìreach 1% ann an Alba, chan eil seo a' cur mòran dòchais air 2011. Bhiodh e na b' fheàrr na targaidean àrdachadh. 'S dòcha nach bu chòir dhuinn a bhith a' coimhead air 2011, tha seo ro fhaisg, ach air 2021. Ma dh'fhaoite gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' lughdachadh a' Phlana le a bhith cho faiceallach mu dheidhinn nan targaidean.

A bharrachd, tha an earrann seo a' bruidhinn air '*neach-comharra a' chunntais-sluaigh comasach air Gàidhlig a' bruidhinn*'. Mar is trice, 's e fear a tha na neach-comharra a' chunntas-sluaigh. Dè thachras mur bi Gàidhlig aig athair an teaghlaich, ach aig a' mhàthair? Cha bhiodh seo a' toirt dealbh ceart air staitistig a' Chunntas-Sluaigh, ach a' libhrigeadh teachdaireachd cheàrr. Faodar a ràdh gum biodh e na bu choltaiche Gàidhlig a bhith aig a' chloinn, ma bhios Gàidhlig aig màthair an teaghlaich.

Bidh pàrantan a' coimhead air thoiseach fad bhliadhnaichean airson an cloinne. Cha bu chòir dhuinn a bhith a' cur cus cudthruim air roi-innleachd airson cloinne. Tha seo a' moladh dòigh ghrad-seala dèiligeadh ris an àm ri teachd airson na Gàidhlig.

A bharrachd, bu chòir iomradh a bhith ann air daoine a tha airson tighinn air ais gu Gàidhlig.

- **Duilleag 16**
Tha sinn toilichte gu bheil sinn ainmichte air an duilleig seo a thaobh Gàidhlig san àite-obrach.
- **Duilleag 20**
Buil: 40 plana Gàidhlig anns an roinn phoblach. Nach robh 50 ann sa chiad dol a-mach?
- **Duilleag 25**
Treas-Ìre is Fad-Beatha
Do mhòran chan e roghainn a bhios ann an cùrsaichean bogaidh gu bràth, agus cha bhi iad mar thoiseach tòiseachaidh no mar an ceum mu dheireadh dhan chuid oileanaich.

Tha am Bòrd taingeil gu bheil am Plana mothachail air seo, bu chòir iomradh a bhith ann a-rithist air luchd-ionnsachaidh aig a bheil dreuchd shònraichte ann an adhartas na Gàidhlig.
- **Duilleag 28**
Treas-Ìre is Fad Beatha
Bu chòir Clì Gàidhlig a bhith am measg nam Prìomh Bhuidhnean. Carson nach eil na h-Oilthighean Ghlaschu, Dùn Èideann, Obar Dheathainn, Shrath Chluaidh am measg nam prìomh bhuidhnean?
- **Duilleag 38**
Tha sinn toilichte fhaicinn gu bheil na faclan: *Increase the provision of Gaelic writing and material for learners in the wider print media.*, ach càit a bheil na faclan seo sa Ghàidhlig?
- **Duilleag 50**
Bu chòir iomradh a bhith ann air **Trèanadh airson Oidearan na Gàidhlig**.